

# Seirbheisean Fiosrachaidh, Comhairle agus Stiùireadh Dreuchd air an Ìbhrigeadh le Leasachadh Sgilean na h-Alba anns Na Eilean Siar

## Aithisg le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh

31 Faoilleach 2020

# Clàr-innse

1. Ro-ràdh .....	1
2. Sgìre na seirbheis agus a co-theacsa .....	2
3. Builean an lèirmheis on taobh a-muigh .....	3
4. Eisimpleirean de shàr-mhathais .....	13
5. Dè a thachras a-nis? .....	14
6. Tuilleadh fiosrachaidh.....	15
Pàipear-taic 1: Briathrachas.....	16
Pàipear-taic 2: pròiseas lèirmheas on taobh a-muigh .....	17
Pàipear-taic 3: co-theacsa poileasaidh .....	18
Pàipear-taic 4: cùl-fhiosrachadh.....	20

---

# 1. Ro-ràdh

## An lèirmheas on taobh a-muigh

Chaidh an lèirmheas on taobh a-muigh le Foghlam Alba a choileanadh eadar **4-8 Samhain 2019**. Chuimsich an lèirmheas air Seirbheisean Fiosrachaidh, Comhairle agus Stiùireadh Dreuchd (CIAG) air an libhrigeadh le Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) anns Na Eilean Siar.

Rinn sinn sgrùdadh air gnìomhan a tha a' toirt buaidh air càileachd gnàth-eòlas luchd-dèilig. Rinn sinn luachadh orra sin an aghaidh nan trì prìomh phrionnsabalan de **bhuilean agus buaidh, libhrigeadh seirbheis agus ceannardas agus cultar càileachd**, a' cleachdadh nan 13 slatan-tomhais deagh-ghnè comharraichte a tha air am mìneachadh anns [Na h-Ullachaidhean càileachd on taobh a-muigh gus lèirmheas a dhèanamh air Seirbheisean Fiosrachadh, Comhairle agus Stiùireadh Dhreuchd air an libhrigeadh le Leasachadh Sgilean na h-Alba](#), air fhoillseachadh san Iuchair 2018. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig: <https://education.gov.scot/what-we-do/inspection-and-review/about-inspections-and-reviews/Careers%20service%20reviews>.

Bhruidhinn an sgioba lèirsinn on taobh a-muigh ri luchd-dèilig, luchd-obrach aig a h-uile ìre sa bhuidhinn, buidhnean on taobh a-muigh agus luchd-cleachdaidh eile den t-seirbheis.

## 2. Sgìre na seirbheis agus a co-theacsa

Ann a bhith a' coileanadh an lèirmheis on taobh a-muigh de sheirbheisean a tha air an libhrigeadh anns Na Eilean Siar, ghabh Foghlam Alba a-steach an roinn co-theacsa seo air fad.

Is e sreath de dh'eileanan far costa siar na h-Alba a tha anns Na h-Eileanan Siar, a tha a' ruith bho Leòdhas gu Barraigh. Tha cultar is cànan na Gàidhlig mar phrìomh fheart de na h-eileanan agus an coimhearsnachdan agus tha an roinn seo cuideachd air ainmeachadh mar Innse Gall.

Is e Na Eilean Siar aon de na ceàrnaidhean de dh'Alba as lugha sa bheil daoine a' fuireach le dìreach 26,800 neach thar chòig eileanan deug. Is ann an Leòdhas agus anns Na Hearadh as motha a tha de dh'fharsaingeachd talmhainn, agus is e baile Steòrnabhaigh air Eilean Leòdhais am baile as motha.

Tha suidheachadh agus cruinn-eòlas nan Eilean Siar a' tabhann dùbhlain mhòra shòisealta agus eaconamach. Leis gu bheil glè bheag sluaigh ann de dh'iomadh seòrsa sòisealta thar sgaoilteach de choimhearsnachdan iomallach, chan eil an ceàrnaidh seo a' nochdadh anns an SIMD de na sònnaichean dàta as bochda gu h-eaconamaigeach ann an Alba. Ach, tha cuid de cheàrnaidhean aig a bheil ìrean mòran nas àirde de bhochdainn na tha aig feadhainn eile; a' gabhail a-steach Taobh Siar Steòrnabhaigh agus Beinn na Faoghla. Ged a tha còmhhdail eadar na h-eileanan agus tìr mòr air a thighinn air adhart thar nam bliadhnaichean, tha dùbhlain ann a thaobh logastachd agus cosgais bith-beò. Bha an ceudad air fad de dhachaighean a bha a' fiosrachadh bochdainn connaidh (2015/17) aig 56% an coimeas ri 27% gu nàiseanta. Mu 2028 thathar a' sùileachadh gum bi 31.1% de na daoine a tha a' fuireach sna h-eileanan nas sine na 65+ - an coimeas ris a' chuibhiseach Albannach de 22.8%. Mar thoradh air an raon de bhunchùisean sòisealta agus eaconamach, tha a' cheàrnaidh air a comharrachadh mar àite a tha cugallach gu h-eaconamach.

Ann an 2014, chuir na Eilean Siar an cèill an lèirsinn airson àm ri teachd nas làidir, Ar n-Eileanan Ar n-Àm ri Teachd (OIOF). Tha am fòcas a chuireadh air OIOF o chionn ghoirid air a bhith air leasachadh "Cùmhnant airson nan Eilean" anns a bheil dà iall: 'Deamocrasaidh Ionadail' agus 'A' Coileanadh Làn Chomas Eaconamach ar n-Eileanan'. Tha Clàr nan Eilean a chaidh aontachadh o chionn ghoirid eadar Leasachadh Sgilean na h-Alba agus an t-ùghdarras ionadail, Comhairle nan Eilean Siar, a' cur an cèill an fheum a tha ann a bhith 'a' cur dìon eileanach' air a bhith a' libhrigeadh prìomh sheirbheisean. Tha an clàr a' cuimseachadh air co-chonaltradh agus co-roinn ghoireasan gus meudachadh buaidh air luchd-dèilig agus luchd-cleachdaidh sheirbheisean.

Tha ceithir àrd-sgoiltean anns Na Eilean Siar, tha prìomh làrach aig Colaisde a' Chaisteil UHI ann an Steòrnabhagh le ionadan ionnsachaidh ann am Barraigh, Beinn na Faoghla agus Uibhist a Tuath. Chan eil sgoiltean ASN anns Na Eilean Siar.

Tha tairgse Seirbheis SDS ann an sgoil stèidhichte air modh-obrach meatrags fheumalachdan, a tha a' libhrigeadh seirbheis choitcheann do gach sgoilear agus tairgse chuimsichte dhaibhsan aig a bheil tairgse airson seirbheis meadhanach agus mòr.

### 3. Builean an lèirmheis on taobh a-muigh

#### Earrann A: Ìrean

Bhuilich an sgioba lèirmheis ìrean airson gach fear de na prìomh chuspairean stèidhichte air na slatan-tomhais a leanas:

sàr mhath:	sònraichte math 's air thoiseach san earrann
glè mhath:	neartan mòra
math:	neartan cudromach ach raointean a bu chòir an leasachadh
riarachail:	neartan dìreach nas motha na laigsean
lag:	laigsean cudromach
neo-riarachail:	laigsean mòra

Prìomh chuspair	Ìre
Adhartas neach-dèilig agus coileanadh bhuilean iomchaidh de dh'àrd-chàileachd	glè mhath
Coinneachadh ri feumalachdan luchd-ùidh	glè mhath
Libhrigeadh prìomh sheirbheisean	glè mhath
Rianachd libhrigeadh sheirbheis	glè mhath
Ceannardas ro-innleachdail	glè mhath
Comas leasachaidh	Neo-rangaichte

Tha dà eisimpleir ann de chleachdadh sàr mhath a tha air am mìneachadh nas fhaide air adhart san aithisg seo.

## Earrann B: Adhartas agus coileanadh luchd-dèilig

### Raointean de chleachdadh dheimhinneach

- Tha sgioba SDS nan Eilean Siar air deagh adhartas a dhèanamh ann a bhith a' coileanadh prìomh thomhasan agus thargaidean bhuilean.
- Tha dàta coileanaidh agus tomhasan a' nochdadh leasachadh an aghaidh cuimsean a chaidh an aontachadh thar àm de trì bliadhna.
- Thar nan trì bliadhna a chaidh seachad, tha an tomhas com-pàirteachaidh airson nan Eilean Siar air a bhith os cionn nan ìrean coileanaidh nàiseanta.
- Thar nan trì bliadhna a chaidh seachad, chan eil neach sam bith a dh'fhàg an sgoil air nach eil fios càite an deach iad.
- Tha an ceudad de sgoilearan ÀS4-ÀS6 a fhuair stiùireadh còidsidh le dhà no tuilleadh air sin de mheasaidhean CMS a' nochdadh CMS leasaichte, air a bhith os cionn an ìre coileanaidh nàiseanta airson nan trì bliadhna a chaidh seachad, agus tha seo a-nis 8% nas àirde na an ìre coileanaidh nàiseanta.
- Ann an trì de na ceithir àrd-sgoiltean sna Eilean Siar, tha an co-roinn de dhaoine òga a tha a' dol gu ceann-uidhe dheimhinneach an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail os cionn an ìre coileanaidh nàiseanta.
- Tha a' mhòr chuid de thomhasan mothachaidh aig sgoilearan a tha a' faighinn dol an sàs aon-ri-aon le SDS aig ìre 100%, agus tha na tomhasan eile glè àrd. (92% gu 94%).
- Tha na prìomh thomhasan mothachaidh airson luchd-dèilig Next Steps a tha a' dol an sàs le SDS glè àrd, agus tha a dhà aig 100%.
- Tha an àireamh de luchd-dèilig Next Steps a tha a' faighinn taic bho SDS a tha a' dol air adhart gu ionnsachadh, trèanadh no obair air meudachadh gu mòr sa bhliadhna a chaidh seachad agus tha seo a-nis 15% os cionn an àireamh coileanaidh nàiseanta.
- Bha ochdad 's a sia sa cheud de bhuidheann luchd-dèilig Next Steps fhathast an sàs ann an trèanadh no obair airson 6 mìosan agus tha seo 27% os cionn na h-àireimh coileanaidh nàiseanta.
- Tha na prìomh thomhasan mothachaidh air fad bho sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air luchd-obrach Your Views air a bhith os cionn ìrean coileanaidh SDS airson an dà bhliadhna a chaidh seachad.

### Raointean leasachaidh

- Ann an aon de na ceithir àrd-sgoiltean anns Na Eilean Siar, tha an co-roinn de dhaoine òga a tha a' dol gu ceann-uidhe dheimhinneach an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail nas ìsle na an ìre coileanaidh nàiseanta.
- Tha an ceudad de sgoilearan ann an àrd-sgoiltean prìomh shruth anns Na Eilean Siar le clàradh MyWoW 8% nas ìsle na an ìre coileanaidh roinneil agus 9% nas ìsle na an ìre coileanaidh nàiseanta.

## Earrann C: A' coinneachadh ri feumalachdan luchd-ùidh

### Raointean de chleachdadh dheimhinneach

- Tha sgioba roinneil nan Eilean Siar ag obair gu sùbailte agus gu co-obrachail gus taic a thoirt do luchd-ùidh agus do luchd-dèilig. Bidh an luchd-obrach ag ullachadh sheirbheisean gus a bhith a' gabhail a-steach nan suidheachaidhean sònraichte agus nan àiteachan fa leth sa bheil luchd-dèilig air leth agus buidhnean de luchd-dèilig.
- Tha an luchd-dèilig air fad a' cur luach air an taic a bhios iad a' faighinn bho SDS agus bidh iad ag innse gu bheil luchd-obrach dhreuchdan càirdeil, taiceil agus fiosrachail.

- Bidh luchd-obrach SDS a' cur gu math ri bhith a' coileanadh amasan nam prìomhachasan nàiseanta, a' gabhail a-steach Leasachadh Sgioba-obrach Òg (DYW). Bidh iad ag obair gu tarbhach leis a' chomhairle ionadail gus iomairtean a thoirt air aghaidh ann a bhith a' leasachadh bhuilean do dhaoine òga agus an coimhearsnachdan.
- Bidh luchd-obrach dhreuchdan gu for-ghnìomhach a' co-òrdanachadh thachartasan gus àrdachadh a dhèanamh air an raon de roghainnean dhreuchdan a tha rim faotainn sna Eilean Siar agus air tìr mòr do luchd-ùidh. Tha na daoine òga agus am pàrantan/luchd-cùraim a' cur luach air a' chomhairle a bhios iad a' faighinn bho luchd-obrach SDS mu roghainnean dreuchd a dh'fhaodadh a bhith ann.
- Tha luchd-obrach ann an àrd-sgoiltean sna Eilean Siar a' cur luach air an taic a bhios iad a' faighinn bho SDS ann a bhith ag ullachadh dhaoine òga airson a bhith a' dol air adhart gu tuilleadh ionnsachadh agus cosnadh.
- Tha a' mhòr-chuid de luchd-dèilig aois-sgoile a' dèanamh deagh adhartas ann a bhith a' leasachadh agus a' cur an cèill an CMS gus a bhith a' dèanamh taghadh fiosraichte air cuspairean agus dreuchdan.
- Bidh comhairlichean dreuchd a' dèanamh feum èifeachdach de dh'fhiosrachadh mun mhargaidh obrach (LMI) aig coinneamhan planaidh le sgoiltean gus na shlighean as iomchaidh do dhaoine òga a chomharrachadh.
- Bidh luchd-obrach SDS ag obair gu tarbhach leis a' cholaiste ionadail gus an ìre de thaic a leudachadh a bhios ann do luchd-ionnsachaidh, gus an CMS a leasachadh, agus cothrom fhaighinn air comhairle mu shlighean dreuchd.
- Bidh luchd-obrach dreuchd ag obair gu for-ghnìomhach len co-obraichean aig Roinn na h-Obrach is nam Peinnsein (DWP) gus a bhith a' libhrigeadh taic do inbhich a tha gun obair anns an JobCentre Plus (JC+). Tha seo air meudachadh mòr a dhèanamh air an àireamh de dh'inbhich gun obair a tha a' faighinn cothrom air seirbheisean CIAG agus an dèidh sin a' dol air adhart gu obair.
- Bidh luchd-dèilig a tha nan inbhich ag innse gum bi luchd-obrach CIAG a' toirt deagh aire do na feumalachdan agus na suidheachaidhean fa leth a tha aca. Tha iad a' cur meas air an taic a bhios iad a' faighinn bho chomhairlichean dreuchd gus a bhith a' leasachadh agus a' cur an cèill CMS ann a bhith a' cleachdadh ghòireasan sireadh obraichean, a bhith ag ullachadh CV ùraichte, agus a bhith ag ullachadh iartasan obrach.
- Tha luchd-dèilig a tha a' dèiligeadh ri bhith a' call an cuid obrach glè thoilichte leis na modhan-obrach sgiobalta agus so-fhreagrach aig luchd-obrach SDS gus taic a thoirt dhaibh tron phròiseas Gnìomh Com-pàirteachais airson Fastadh Leantainneach (PACE). Bha iad a' cur luach air an taic phearsanta a fhuair iad bho luchd-obrach dhreuchd gus ullachadh airson a bhith a' cur airson obraichean agus a bhith a' frithealadh agallamhan.
- Tha sgioba na roinne air ceanglaichean làidir a stèidheachadh leis a' chomhairle ionadail agus le buidhnean com-pàirteachais coimhearsnachd. Bidh luchd-obrach a' co-obrachadh le com-pàirtichean gus seirbheisean a ghnàthachadh gu bhith mar sgàthan air na prìomhachasan taobh a-staigh nan coimhearsnachdan ionadail. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' tabhann seirbheisean ionadail CIAG sa Ghàidhlig, a' toirt taic do luchd-fastaidh a bhith ag adhartachadh an raon de chothroman obrach a tha ann do dhaoine òga, agus ag obair le roinnean thaighean agus cùram shòisealta gus coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan dhaoine fa leth agus buidhnean.
- Tha na ceannardan-sgoile air fad riarachaidhean leis na seirbheisean CIAG a tha air an tabhann le SDS san sgoil aca. Tha iad a' cur luach air èifeachdas SDS ann a bhith a' leasachadh agus a' cur an sàs CMS thar a' churraicealaim agus ann a bhith a' cur ri gnìomhan leasachaidh sgoile.
- Tha a' mhòr chuid de cheannardan-sgoile den bheachd gu bheil seirbheisean SDS a' cur ri bhith ag àrdachadh coileanadh agus ri bhith a' leasachadh bhuilean do sgoilearan.
- Tha na com-pàirtichean fastaidh air fad riarachaidhean le èifeachdas SDS ann a bhith a' libhrigeadh a dhreuchd com-pàirteachais agus mholadh iad SDS do chom-pàirtichean eile

## Raointean leasachaidh

- Cha deach gin a chomharrachadh

## Earrann D: Libhrigeadh prìomh sheirbheisean

### Raointean de chleachdadh dheimhinneach

- Tha luchd-obrach dhreuchdan ag obair gu sùbailte gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom leantainneach air seirbheisean CIAG aig luchd-dèilig sa h-uile ceàrnaidh de na Eilean Siar Bidh iad a' dèanamh deagh fheum de thogalaichean chom-pàirtichean ann an coimhearsnachdan ionadail gus seirbheisean a libhrigeadh do choimhearsnachdan beaga agus sgaoilte gu cruinn-eòlach thar nan Eilean Siar.
- Tha sgioba na roinne ag obair gu dlùth leis an ùghdarras ionadail agus le com-pàirtichean eile gus taic a thoirt do adhartachadh agus cleachdadh na Gaidhlig. Mar thoradh air ceanglaichean làidir le E-Sgoil tha modhan-obrach ùra agus ùr-ghnàthasach air an cruthachadh airson a bhith a' libhrigeadh CIAG thar nan Eilean Siar.
- Tha luchd-dèilig a' cur luach air an fhiosrachadh a bhios iad a' faighinn bho luchd-obrach SDS gus ceumannan a ghabhail a dh'ionnsaigh cosnadh. Bidh luchd-obrach a tha nan inbhich aig nach eil ach glè bheag no eòlas idir air a bhith a' farpais ann am margaidh na h-obrach a' faighinn buannachd mhòr bhon taic a bhios iad a' faighinn bho luchd-obrach dhreuchdan ann a bhith ag ullachadh CVan ùra agus a bhith a' sireadh chothroman obrach.
- Tha a' mhòr chuid de dhaoine òga ann an àrd-sgoiltean a' meas MyWoW mar ghoireas feumail a tha gan cuideachadh gus a bhith a' dèanamh co-dhùnaidhean fiosraichte. Is aithne dhaibh innealan air-loidhne a chleachdadh gus an cuideachadh a bhith a' sgrùdadh roghainnean dhreuchdan.
- Tha luchd-comhairleachaidh dhreuchdan ag obair gu for-ghnìomhach le luchd-obrach àrd-sgoile gus leasachadh a dhèanamh air farsaingeachd agus seasmhachd Prògram Tosgaireachd MyWoW. Mar thoradh air seo tha cuid de sgoiltean air tosgairean MyWoW a chur an sàs nas cruthachaile ann a bhith ag àrdachadh mothachadh sgoilearan nas òige agus pàrantan san raon de ghoireasan a tha rim faotainn.
- Bidh luchd-obrach dhreuchdan ag obair gu math le co-obraichean sgoile gus dàta a chleachdadh nas èifeachdaiche ann a bhith a' cuimseachadh agus a' planadh sheirbheisean do dhaoine òga. Bidh luchd-comhairleachaidh dhreuchdan a' cumail dlùth aire air a' mheatrags fheumalachdan agus a' dèanamh lèirmheas air an dàta gu riaghailteach gus a dhèanamh a rèir is mar a tha feumalachdan dhaoine fa leth ag atharrachadh.
- Bidh luchd-comhairleachaidh dhreuchdan a' dèanamh feum èifeachdach de choinneamhan eadar-amail le luchd-obrach sgoile gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga a' faighinn taic gu h-èifeachdach ann a bhith a' gluasad air adhart gu ceann-uidhe dheimhinneach. Bidh iad ag obair gu co-obrachail agus gu cogaiseach le com-pàirtichean gus taic a thoirt do dhaoine òga ann a bhith a' gluasad air adhart gu furasta bhon sgoil gu ceann-uidhe an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail.
- Bidh luchd-obrach SDS a' tarraing gu tarbhach air na tha iad a' dèanamh an lùib Prìomh Bhuidheann nan Eilean Siar gus mothachadh àrdachadh mu fheumalachdan luchd-dèilig agus gus modhan-obrach eadar-bhuidhnean a chomharrachadh ann a bhith a' toirt taic do luchd-dèilig a bhith a' coileanadh ceann-uidhe dheimhinneach. Bidh iad ag obair gu dlùth le com-pàirtichean, a' gabhail a-steach Buidheann Stiùiridh Ionnsachadh Inbheach, am pròiseact Ceàrns agus an Sgioba Ceartas Sòisealta gus luchd-dèilig as fhaide a tha bhon mhargaidh obrach a chur an sàs no a tha air leigeil seachad a bhith an sàs ann an obair no ionnsachadh.
- Tha luchd-obrach dhreuchdan ag obair glè èifeachdach le grunnan bhun-sgoiltean gus tidsearan a chuideachadh ann a bhith a' libhrigeadh chòraichean CES sa churraicealam.



Mar thoradh air seo thathar air modhan-obrach chruthachail a leasachadh còmhla gus daoine òga a chur an sàs ann a bhith a' sgrùdadh saoghal na h-obrach a tha a rèir an sgilean, ùidhean agus am buadhan.

- Bidh luchd-obrach SDS ag obair gu h-èifeachdach gus a bhith ag adhartachadh agus a' cuimseachadh air seirbheisean a choinnicheas ri feumalachdan luchd-ùidh. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' co-òrdanachadh raon farsaing de thachartasan fiosrachaidh a' gabhail a-steach cuirmean dreuchd, làithean dhreuchdan san t-saoghal, seachdainean preantasachd, agus a' cur ri gnìomhan agus tachartasan coimhearsnachd a tha stèidhichte gu h-ionadail.
- Bidh luchd-obrach dhreuchdan a' dèanamh deagh fheum den cho-rèiteachadh air an Aonta Com-pàirteachas Sgoile (SPA) le luchd-obrach sgoiltean gus co-phlanadh air gnìomhan a dhèanamh airson a bhith a' leasachadh CMS agus a' togail suas comas an luchd-teagaisg. Tha na gnìomhan air an deagh chuimseachadh air co-theacsan nan sgoiltean fa leth agus tha adhartas air a sgrùdadh gu riaghailteach agus air atharrachadh far am bi feum sin a dhèanamh.
- San fharsaingeachd, tha gnìomhan nam buidhnean obrach air a dheagh phlanadh agus tha e èifeachdach agus tha an luchd-obrach a' dèanamh deagh fheum de raon fharsaing de ghoireasan gus a dhol an sàs agus cumail suas ùidh luchd-dèilig.
- Tha deagh fhiosrachadh làithreach aig luchd-obrach SDS mun mhargaidh obrach ionadail agus an LMI nas fharsainge. Bidh iad a' dèanamh deagh fheum den fhiosrachadh seo ann an gnìomhan aon-ri-aon agus obair buidhne gus taic a thoirt do luchd-dèilig ann a bhith a' dèanamh roghainnean fiosraichte a thaobh planadh dhreuchd. Bidh sgoiltean a' faighinn buannachd bho obair luchd-obrach SDS gus ceanglaichean a leasachadh le luchd-fastaidh ionadail ann a bhith ag àrdachadh ionnsachadh co-cheangailte ri obair sa churraicealam.
- San fharsaingeachd, ann an dol-an-sàs aon-ri-aon, bidh luchd-dèilig a' faighinn taic èifeachdach gus a bhith a' leasachadh an CMS agus gus a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean dreuchd air an deagh fhiosrachadh. Anns na suidheachaidhean sin, bidh an luchd-obrach a' dèanamh feum èifeachdach den mhodh-obrach còidsidh gu math, agus bidh seo a' cuideachadh ann an bhith a' togail chàirdeasan agus a' togail misneachd luchd-dèilig.
- Thar na bliadhna a chaidh seachad tha sgioba roinneil SDS air obrachadh gu dìorrasach gus seirbheisean CIAG ùrachadh agus gus modh-obrach sgioba a thogail ann a bhith a' leasachadh càileachd agus libhrigeadh sheirbheisean. Is toigh le buill an sgioba a bhith a' com-pàirteachadh ann am faireachdainn de bhith a' cur ri agus a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean. Is toigh le buill an sgioba a bhith a' co-roinn faireachdainn de chur-ris agus adhbhar ann a bhith a' coinneachadh ris na prìomhachasan làithreach agus a tha a' tighinn an àirde airson nan Eilean Siar.
- Bidh luchd-obrach dhreuchdan gu for-ghnìomhach a' sireadh dhòighean air a bhith a' fighe na Gàidhlig nas fhollaisich ann an libhrigeadh sheirbheisean CIAG. Ged a tha e aig ìre thràth, tha seo air adhbharachadh barrachd libhrigeadh dà-chànanach de sheiseanan obair buidhne ann an sgoiltean.
- Tha an sgioba a' dol an sàs gu deimhinneach agus gu tarbhach ann an coinneamhan luchd-obrach gus beachdachadh air adhartas a chaidh a dhèanamh an aghaidh thargaidean. Bidh buill den sgioba a' meòrachadh gu math air an coileanadh agus a' cleachdadh seo gus gabhail ri agus a bhith a' co-roinn cleachdadh èifeachdach. Bidh luchd-obrach a' cleachdadh teicneòlas gu math gus faighinn thairis air dùbhlain cruinn-eòlais agus gus a dhol an sàs ann an conaltradh mu chleachdadh meòrachail.
- Bidh luchd-obrach a' co-roinn dealas làidir mu bhith a' meòrachadh air libhrigeadh sheirbheisean gus planadh airson leasachadh agus àrdachadh sheirbheisean CIAG. Bidh iad a' cruinneachadh fios air ais gu h-eagarach bho luchd-dèilig agus luchd-ùidh, agus a' cleachdadh nan toraidhean gu tarbhach gus buaidh a thoirt air leasachaidhean an co-bhoinn ri co-obraichean.

- Mar phàirt de ath-leasachadh sgioba na roinne air seirbheisean CIAG, chaidh luchd-obrach dhreuchdan an sàs ann an sreath de chuirtean gu luchd-fastaidh gus an tuigse a mheudachadh air na feumalachdan agus na dùbhlain a tha ro ghnìomhachasan sna Eilean Siar. Tha seo air a bhith air leth buannachdail ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh as ùire aig buill an sgioba de fheumalachdan làithreach agus de fheadhainn a tha a’ tighinn am bàrr do luchd-fastaidh stèidhichte sna h-eileanan thairis air earrannan dreuchdail.

## Raointean leasachaidh

- Tha comas-ceangail air-loidhne ann an Ionad Steòrnabhaigh neo-chunbhalach agus tha seo a’ cur bacadh air raon de ghnìomhan a’ gabhail a-steach conaltradh ri luchd-obrach agus ri luchd-dèilig air feadh nan eilean. Ach bidh luchd-obrach ag obair gu cruthachail gus faighinn thairis air na dùbhlain sin.
- Ann an cuid de dh’àrd-sgoiltean chan eil daoine òga a’ faighinn cothrom gu leòr an CMS a leasachadh agus a dhaingneachadh taobh a-staigh a’ churraicealaim agus chan eil cuid de sgoilearan air an ullachadh gu leòr gus MyWoW a chleachdadh gu neo-eisimeileach gus fios a cur ri bhith a’ tighinn gu co-dhùnadh mun dreuchd.
- Ann an dhà de na ceithir àrd-sgoiltean, chan eil comhairlichean dreuchd a’ faighinn cothrom air suidheachadh iomchaidh gus taic a thoirt do lìbhrigeadh èifeachdach de dhol an sàs aon-ri-aon agus seirbheisean tadhal a-staigh.
- Ann am beagan sheiseanan buidhne cha do ghabh an luchd-obrach cothroman gus na builean a bhathar a’ rùnachadh a dhaingneachadh bho na gnìomhan ionnsachaidh.

## Earrann E: Rianachd lìbhrigeadh seirbheis

### Raointean de chleachdadh dheimhinneach

- Tha ceannardan bhuidhnean com-pàirteachais glè dheimhinneach mu obair an sgioba SDS ann a bhith a’ toirt taic don obair agus prìomhachasan. Tha iad den bheachd gu bheil sgioba SDS a’ toirt dìorras agus modhan-obrach stèidhichte air fuasglaidhean ro-innleachdail gu fòraman com-pàirteachais.
- Tha Stiùiriche an Fhoghlaim a’ cur luach air fuasgailteachd agus tarbhachd stiùirichean agus luchd-obrach SDS, ann a bhith a’ coileanadh nan amasan airson nan Eilean Siar. Tha dol an sàs luchd-obrach SDS sa phròiseas ullachaidh de Chlàr nan Eilean air cur ri agus air neartachadh obair com-pàirteachais eadar SDS agus an ùghdarras ionadail.
- Tha luchd-obrach SDS a’ cur gu mòr-tharbhach ris na cuspairean agus na prìomhachasan ath-sgrùdaiche sa Com-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd (CPP) a tha a’ gabhail a-steach a bhith a’ togail suas àireamhan sluaigh seasmhach, agus a’ tabhann ruigsinneachd gu cothroman obrach. Tha com-pàirtichean coimhearsnachd a’ cur luach air na càirdeasan fosgailte agus deimhinneach a tha aca le luchd-obrach SDS agus na tha iad a’ cur ri bhith a’ leasachadh sheirbheisean do dhaoine ann an Innse Gall.
- Tha manaidsèar na roinne agus ceannard na roinne ag obair gu tarbhach leis a’ cholaiste gus còrdadh a thaobh ìre na seirbheise ullachadh, a bhios dearbhte gu leòr airson an ama ri teachd airson cunntas a ghabhail de dh’astar nan leasachaidhean thar nan Eilean Siar.
- Tha sgioba na roinne air freagairt gu deimhinneach agus gu tarbhach ri ro-innleachd Riaghaltas na h-Alba ‘Gàidhlig: Reata nas luaithe de dh’Adhartas, Eaconamaidh agus Sgìlean’. Tha manaidsèar na roinne mar cho-chathraiche air sruth-obrach an eaconamaidh agus sgìlean, agus mar chathraiche air fo-bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean agus cùram-chloinne, agus buidhnean poblach le plana cànanain Gàidhlig.
- Bidh am manaidsèar roinneil agus an luchd-obrach a’ dèanamh ceangal gu h-èifeachdach le com-pàirtichean gus ullachaidhean a cho-theacsachadh agus a dheisealachadh airson seirbheisean a lìbhrigeadh do luchd-dèilig. Bidh seo a’ gabhail a-steach a bhith a’

cruthachadh ullachaidhean le JC+ gus cothrom a thoirt do luchd-dèilig faighinn gu seirbheisean CIAG gu luath agus gu furasta; ag obair le E-sgoil gus a dhèanamh comasach tachartasan fiosrachadh dhreuchd eadar-obrachail a dhealbhadh; dol an sàs leis a' cholaiste gus bùithtean obrach a dheilbh a bhiodh a' gabhail a-steach co-theacsan dreuchdail; agus a' stèidheachadh bùth-obrach mu eòlas agus sgilean ionmhais mar phàirt de Seachdain Foghlam Ionmhais aig Sgoil an Rubha.

- Tha an sgioba CIAG air Fèill Gnìomhachas agus Obraichean air leth soirbheachail ullachadh, a thug ri chèile raon farsaing de luchd-fastaidh a shealladh gu h-eadar-obrachail, an raon de chothroman obrach a bha rim faotainn thar nan eileanan. Chuir an dà chuid luchd-fastaidh agus luchd-frithealaidh luach mhòr air an tachartas.
- Tha an sgioba roinneil a' cur gu cogaiseach ri raon fharsaing de dh'iomairtean a bhios ag amas air taic a thoirt don luchd-dèilig as so-leònta sna coimhearsnachdan aca. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair le pròiseactan ceartais agus an-aghaidh bochdainn, agus a' cruthachadh sheirbheisean a bhios a' gabhail cunntas den mheudachadh ann an cùisean slàinte inntinn.
- Thar na bliadhna a chaidh seachad, tha an sgioba roinneil air a chuimse air cleachdadh èifeachdach agus leantainneach de dhàta le buill an sgioba a mheudachadh agus tha planaichean ann seo a leasachadh. Tha seo ag obair gu math agus tha an luchd-obrach a' dèanamh deagh fheum de dh'aithisgean dàta, fa leth agus aig coinneamhan, gus dèanadas a chomharrachadh agus gus planaichean airson an ama ri teachd a leasachadh.
- Tha comhairlichean dreuchd sgoiltean a' dèanamh feum èifeachdach de dheas-bhòrd gnìomhachadh SDS gus sùil a chumail air gnìomhachadh agus gus tuilleadh ghnìomhan a phlanadh.
- Tha luchd-obrach SDS a' toirt deagh thaic do chom-pàirtichean, gus dàta SDS a chleachdadh gu feumail airson sùil a chumail air gnìomhachadh, planadh airson leasachadh, agus gus cur ri luachadh agus pròiseasan planaidh nam buidhnean fa leth aca.

## Raointean leasachaidh

- Cha deach gin a chomharrachadh

## Earrann F: Ceannardas ro-innleachdail

### Raointean de chleachdadh dheimhinneach

- Tha manaidsèar na roinne agus ceannard na roinne ag obair còmhla gu h-èifeachdach gus dèanamh cinnteach gu bheil tairgse an SDS a' coinneachadh ri feumalachdan sònraichte agus prìomhachasan nan Eilean Siar. Bidh iad a' gabhail deagh shùim de na feartan agus na h-amasan airson Innse Gall ann a bhith a' co-thaobhadh sheirbheisean gus taic a thoirt do dh'iomairtean làithreach agus ri thighinn. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' gabhail com-pàirt chudromach ann a bhith a' stèidheachadh Clàr nan Eilean, a' meudachadh seirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig agus a' toirt taic do dh'ullachaidhean airson fàs trèanadh preantasachd.
- Tha manaidsèar na roinne a' toirt ceannardas air a dheagh bheachdachadh ann a bhith a' cumadh sheirbheisean a tha a' cur gu deimhinneach agus gu tarbhach ri feuman agus amasan chom-pàirtichean agus choimhearsnachdan. Tha an luchd-obrach air an stiùireadh agus a' faighinn taic mhath gus com-pàirtichean a bhith an sàs ann am pròiseasan planadh gnìomh gus aontachadh agus mìneachadh cuimsean pragtaigeach agus soilleir.
- Is e prìomh fheart de dh'obair an sgioba roinneil gu bheil co-sheilbh ann airson a bhith a' leasachadh càileachd nan seirbheisean. Tha seo mar thoradh air modh-obrach manaidsèar na roinne a bhith a' cur luchd-obrach nas motha agus nas leantainneach an sàs ann a bhith a' planadh, a' deilbh agus a' co-òrdanachadh seirbheisean CIAG. Tha prìomhachasan a'

Phlana Gnìomh Leasachadh Leantainneach (CIAP) air an taisbeanadh gu follaiseach ann an raointean an luchd-obrach agus tha an luchd-obrach mion-eòlach orra, an sàs annta agus a' cur riutha.

- Tha obair sgioba làidir agus tha na dreuchdan agus uallachaidhean leasaichte a' còrdadh ris an luchd-obrach. Tha iad a' cur luach air e a bhith comasach dhaibh a bhith a' gabhail os làimh dreuchdan sgioba sònraichte gus an sgilean a leudachadh agus tha iad a' dèiligeadh gu math ri bhith air an cumhachdachadh gu bhith ag obair gu cruthachail agus gu co-obrachail.
- Tha luchd-obrach CIAG dealasach mu na leasachaidhean a tha an-dràsta a' tachairt sna Eilean Siar. Tha sgioba na roinne air a dhol an sàs gu for-ghnìomhach ann an Ionnsachadh Proifeiseanta Fad Dhreuchd (CLPL) air a lìbhrigeadh le E-Sgoil gus tuigse fhaighinn air na sgilean a dh'fheumar airson a bhith a' lìbhrigeadh seirbheisean èifeachdach air-loidhne. Tha luchd-obrach air freagairt gu math ris an trèanadh seo, gu bhith a' fiosrachadh agus a' leudachadh an cleachdadh proifeiseanta.
- Tha clàran-obrach choinneamhan air an ullachadh gus cothrom iomchaidh a thoirt airson conaltradh, mèdachadh agus planadh airson an ama ri teachd. Bidh luchd-obrach a' dol an sàs gu tarbhach ann an coinneamhan sgioba agus a' gabhail chothroman am beachdan agus fèin-fhiosrachaidhean a cho-roinn gus an obair phroifeiseanta àrdachadh.
- Tha luchd-obrach a' cur luach air a bhith ag ath-thaobhadh nan dreuchdan gus a bhith a' cur nas motha ri obair an sgioba agus gus an sgilean a leudachadh tro bhith an sàs ann an raon nas fharsainge de gnìomhan CIAG.
- Tha sgioba na roinne a' cur an cèill amasan Gàidhlig an Toiseach (Gaelic First) an uair a bhios iad a' stiùireadh a' planadh agus a' lìbhrigeadh seirbheisean CIAG. Tha cruthachadh tairgse Ghàidhlig an SDS misneachail agus a' toirt cothrom do luchd-dèilig seirbheisean fhaotainn sa chànan dualchasach aca fhèin. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair le com-pàirtichean gus Ceangal a chur air chois, dhreuchdan tachartas Gàidhlig a bhithear a' ruith gach bliadhna; agus a' tabhann bùithtean-obrach agus seiseanan aon-ri-aon tron Ghàidhlig agus dà-chànanach. Tha na h-ullachaidhean sin a' tòiseachadh a' toirt buaidh air susbaint aontan com-pàirteachais sgoile.
- Thar na bliadhna a chaidh seachad, tha an luchd-obrach air coinneamhan datahub a chumail a h-uile mìos gus bruidhinn mu agus coimeas a dhèanamh air aithisgean datahub agus gus sùil a chumail air pongalachd agus clàradh fiosrachadh ann an àm le com-pàirtichean. Tha coinneamhan air a bhith air an cumail le prìomh chom-pàirtichean, mar Comhairle nan Eilean Siar agus Colaisde a' Chaisteil, gus conaltradh a chumail air lèirmheas de thoraidhean an dàta.
- Tha ullachaidhean co-roinn dàta air a bhith air na neartachadh gus a bhith a' tabhann cleachdadh fiosrachaidh a tha nas cearta agus nas èifeachdaich. Tha an luchd-obrach a' cleachdadh seo gu math gus a bhith a' stèidheachadh gnìomhan airson leasachadh.
- Tha leudachadh an tairgse do chuid de na bun-sgoiltean air leudachadh gu mòr mothachadh luchd-obrach, pàrantan agus daoine òga air cho cudromach 's a tha sgilean ann a bhith a' dèanamh roghainnean fiosraichte mu dreuchdan san àm ri teachd agus slighean thuca. Tha na h-ullachaidhean sin ag obair gu math.

## Raon leasachaidh

- San fharsaingeachd chan eil àrd-sgoiltean an-còmhnaidh a' gabhail sùim gu leòr de LMI a thaobh feumalachdan eaconamach agus prìomhachasan nan Eilean Siar.
- Chan eil ceistean suirbhìdh SDS an-còmhnaidh air an ceangal gu math ri amasan gnìomh, agus tha seo a' lùghdachadh èifeachdas fios air ais.

## Earrann G: Comas airson leasachadh

Tha sgioba SDS nan Eilean Siar air deagh adhartas a dhèanamh a thaobh a bhith a' coileanadh prìomh bhuilean de thomhasan agus amasan. Thar nan trì bliadhna a chaidh seachad, tha tomhas com-pàirteachaidh airson nan Eilean Siar air a bhith os cionn nan ìrean coileanaidh nàiseanta agus chan eil aon sgoilear a tha air an sgoil fhàgail air nach eil fhios de an ceann-uidhe a bha aca. Tha an àireamh de luchd-dèilig Ath-Cheuman a tha a' faighinn taic bho SDS agus a tha a' dol air adhart gu ionnsachadh, trèanadh no obair air meudachadh gu mòr sa bhliadhna a chaidh seachad agus a tha a-nis 15% nas àirde na an àireamh dèanadais nàiseanta. Ach ann an aon de na h-àrd-sgoiltean sna Eilean Siar, tha an co-roinn de dhaoine òga a tha a' dol gu ceann-uidhe dheimhinneach an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail nas ìsle na an ìre dèanadais nàiseanta agus tha an ceudad de sgoilearan ann an àrd-sgoiltean prìomh shruth le clàradh MyWoW 8% nas ìsle na an ìre dèanadais roinneil.

Tha luchd-obrach dhreuchdan ag obair gu sùbailte gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-dèilig sa h-uile ceàrnaidh de na Eilean Siar a' faighinn cothrom leantainneach air seirbheisean CIAG. Sna h-àrd-sgoiltean, bidh comhairlichean dhreuchdan a' dèanamh deagh fheum den SPA gus taic a thoirt do leasachaidhean ann an libhrigeadh sheirbheisean. Tha eisimpleirean ann de chomhairlichean dreuchd a bhith ag obair gu com-pàirteachail agus gu cruthachail le bun-sgoiltean gus taic a thoirt do bhith a' cur an CES an sàs. Ach, ann an cuid de dh'àrd-sgoiltean, chan eil na daoine òga a' faighinn cothrom gu leòr tuilleadh leasachaidh agus daingneachaidh a dhèanamh an CMS taobh a-staigh a' churraicealaim. San fharsaingeachd, chan eil na h-àrd-sgoiltean an-còmhnaidh a' toirt feart gu leòr do LMI a thaobh feumalachdan eaconamach agus prìomhachasan nan Eilean Siar. Bidh com-pàirtichean a' faighinn buannachd bhon taic a bhios iad a' faighinn bho SDS gus iomairtean a thoirt air adhart gus builean a leasachadh do dhaoine sna Eilean Siar. Tha an sgioba roinneil ag obair gu dlùth leis an ùghdarras ionadail agus com-pàirtichean eile gus taic a thoirt do dh'adhartachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean CIAG.

Tha manaidsear na roinne agus ceannard na sgìre a' gabhail deagh chunntas de fheartan agus amasan Innse Gall gus dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean CIAG a' toirt taic do iomairtean làithreach agus a tha ri thighinn. Thar sgioba SDS, tha obair sgioba làidir agus tha an luchd-obrach a' cur luach air a bhith air an cumhachdachadh gu bhith ag obair gu cruthachail agus gu co-obrachail. Bidh an luchd-obrach a' dol an sàs gu tarbhach ann an coinneamhan sgioba agus a' gabhail chothroman a bhith a' co-roinn bheachdan agus fèin-fhiosrachaidhean gus practas proifeiseanta àrdachadh. Bidh iad ag obair gu cogaiseach agus gu h-èifeachdach le com-pàirtichean gus seirbheisean a cho-òrdanachadh agus a libhrigeadh a bhios a chùim buannachd luchd-dèilig agus luchd-ùidh. San fharsaingeachd, chan eil àrd-sgoiltean an-còmhnaidh a' gabhail cunntas gu leòr de LMI a thaobh feumalachdan agus tùs-amasan eaconamach nan Eilean Siar.

## Earrann H: Prìomh phuingean gnìomh

- Bu chòir don ùghdarras ionadail agus SDS obrachadh còmhla gus dèanamh cinnteach gum meudaich na h-àrd-sgoiltean an àireamh de chlàraidhean MyWoW agus cothrom gu leòr a thoirt do luchd-dèilig a bhith a' leasachadh CMS sa churraicealam.
- Bu chòir do SDS agus don ùghdarras ionadail leantainn orra ag obair còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-àrd-sgoiltean a' gabhail feart de LMI a thaobh feumalachdan eaconamach agus prìomhachasan nan Eilean Siar.



## 4. Eisimpleirean de shàr-mhathais

### 4.1 A' leasachadh agus a' cur an sàs tairgse seirbheis Ghàidhlig SDS CIAG

Thug SDS fairear gun robh gnìomhan CIAG co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air a chuingealachadh ri Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig aig SDS a bhith an làthair aig tachartasan nàiseanta co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, mar eisimpleir, Fèill Dhreuchdan aig Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, agus cuid de shusbaint agus pìosan leasain air MyWoW airson tidsearan Gàidhlig. Mar thoradh air sin, ghabh an SDS ceuman os làimh gus adhartachadh agus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh ann an seirbheisean CIAG.

San Ògmhios 2018, cho-obrach SDS sna Eilean Siar agus E-Sgoil air co-phròiseact gus mothachadh chloinne àrdachadh a thaobh nan iomadh diofar chothrom dreuchd Gàidhlig a bha ann do dhaoine òga. Ghabh dithis luchd-labhairt na Gàidhlig aig SDS CIAG com-pàirt sa phròiseact eadar-obrachail mas-fhìorach sa Ghàidhlig a chaidh a libhrigeadh gu 20 sgoilear thar cheithir sgoiltean, a dhà ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar agus a dhà ann an Comhairle na Gàidhealtachd. B' e seo a' chiad uair a bha sgoilearan le Gàidhlig air com-pàirteachadh ann an seisean dhreuchdan a bha air a libhrigeadh sa Ghàidhlig, agus a bha a' comharrachadh LMI Gàidhlig. Fhuaras a-mach an uair a chaidh luachadh a dhèanamh air a' phròiseact nach robh na daoine òga mothachail air an fhàs a bha air a thighinn air margaidh obrach na Gàidhlig agus air farsaingeachd nan cothroman dreuchd a bha ann. Mar thoradh air na nithean sin a chaidh fhaighinn a-mach bhon phròiseact, chuir SDS an sàs mothachadh air a' Ghàidhlig ann an roghainnean dreuchd ann an seiseanan buidhne do sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG).

A' leantainn air adhart bhon phròiseact, bha an sruth-obrach nàiseanta Gàidhlig Reata nas luaithe de dh'Adhartas, Eaconamaidh agus Sgìlean, chùim SDS, E-Sgoil, Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Eilean Siar orra a' leasachadh agus a' leudachadh na h-obrach seo. Bha seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig air an libhrigeadh do sgoilearan ann am Prìomh 5-7. Bha seisean air-loidhne air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig le Comhairliche Dreuchd Sgoile SDS airson cothrom a thoirt do sgoilearan a dhol an sàs ann an eacarsaich sgioba agus thug e dhaibh sealladh farsaing de chothroman dreuchd STEM.

Airson a' chiad uair ann an Alba, tha planaichean ann an àite gus tairgse seirbheis Gàidhlig a libhrigeadh gu sgoilearan ÀS3 ann an àrd-sgoil. Tha seiseanan obair buidhne ag àrdachadh mothachadh air cothroman co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air an tabhann do gach sgoil sna Eilean Siar agus do sgoiltean san Raon a Tuath sa bheil sgoilearan FMG. Tha seisean mas-fhìor dol an sàs phàrantan air a shruthadh gu taghadh de sgoiltean ann an Innse Gall, a' Ghàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal agus Bòid. Tha an àireamh de chomhairlichean dreuchd aig a bheil sgìlean Gàidhlig san Raon a Tuath air meudachadh, agus tha a-nis trì comhairlichean dreuchd agus dà chomhairliche pearsanta ann as urrainn seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.

### 4.2 A' toirt taic do Bhun-sgoiltean a bhith a' cur Inbhe Foghlam Dreuchd (CES) an sàs agus sgìlean rianachd dhreuchd a thoirt a-steach (CMS).

Gus taic a thoirt ann a bhith a' cur an CES an sàs, chruthaich SDS innealan eadar-obrachail gus sgoilearan bun-sgoil a chuideachadh a bhith ag ionnsachadh mun deidhinn fhèin tro bhith ag aithneachadh agus a' leasachadh an sgìlean. Mar thoradh air an iomairt seo, bha cuid de bhun-sgoiltean sna Eilean Siar airson tuigse na cloinne air saoghal na h-obrach a leudachadh agus mar as urrainn dha CMS an cuideachadh ann a bhith a' beachdachadh air an cothroman san àm ri teachd

Dh'obraich sgioba roinneil SDS sna Eilean Siar le co-obrachean bun-sgoile gus modhan-obrach a chomharrachadh agus a leasachadh airson leantainn air adhart ag àrdachadh mothachadh agus tuigse dhaoine òga. Bha sin a' gabhail a-steach luchd-obrach SDS a bhith a' frithealadh thachartasan DYW bhun-sgoile gus sgilean a bhrosnachadh agus a mhìneachadh do sgoilearan agus pàrantan. Ann an Sgoil an Rubha, An Rubha, Eilean Leòdhais, bha luchd-obrach CIAG an sàs ann an Seachdain Foghlam Ionmhais gus a' chlann a chur an sàs ann a bhith a' sgrùdadh an raon de dh'obraichean a bha an lùib ionmhas agus an ceangal eadar cuspairean agus saoghal na h-obrach. Chaidh ceithir seisein a libhrigeadh, a' gabhail a-steach fear tro mheadhan na Gàidhlig don cho-chlas P5/6/7. An dèidh an tachartais, sheall a' chlann na bha iad air ionnsachadh do phàrantan, luchd-cùraim agus don choimhearsnachd. Ann am Bun-sgoil Bhaile a' Mhanaich ann am Beinn na Faoghla, chuir Comhairliche SDS le taic bho Thosgair MyWoW bho Sgoil Lìonacleit ri Fèill Obraichean Saoghal Sgoile, a' toirt eòlas do dhaoine òga air goireasan leithid Animal Me ann an MyWoW.

Chuidich na seisein ann a bhith ag àrdachadh a' bhun-bheachd de shlighe neach-ionnsachaidh bho thràth bhliadhnaichean suas gu an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail. Chuir tidsearan sgoile bun-sgoil agus àrd-sgoil luach air a bhith ag ionnsachadh còmhla mu leasachadh CMS dhaoine òga a thaobh còraichean sgoilearan. Fhuair iad mothachadh air an raon de ghoireasan MyWoW a tha ri fhaotainn dhaibh gus taic a thoirt ann a bhith a' libhrigeadh nan còraichean. Thug seisean CPD eile eòlas do luchd-obrach bun-sgoile air innealan profailidh airson MyWoW. Chuidich buidheann de Thosgair MyWoW air ÀS3 ann a bhith a' libhrigeadh seiseanan togail mothachaidh do sgoilearan na b' òige.

Mar thoradh air na gnìomhan sin, tha sgoilearan P7 a' dol air adhart gu ÀS1 le tuigse air an neartan agus air na cothroman a tha anns an t-saoghal obrach. Tha tidsearan air buannachd fhaighinn bho bhith an sàs san eadar-aghaidh bun-sgoil – àrd-sgoil a thaobh a bhith a' toirt taic do dhaoine òga air an slighe ionnsachaidh. Tha an sgioba SDS ag obair le com-pàirtichean gus modh-obrach air feadh an ùghdarras a chruthachadh gus a bhith a' toirt taic do dhaoine òga, bho P5, airson an sgilean aithneachadh agus a leasachadh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' clàradh an sgilean air pròifil pearsanta air-loidhne, gus taic a thoirt do mheòrachadh agus a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh tron àrd-sgoil agus nas fhaide na sin.

## 5. Dè a thachras a-nis?

An dèidh don aithisg seo a bhith air a foillseachadh, bithear a' sùileachadh gun ullaich SDS agus com-pàirtichean plana gnìomh gus dèiligeadh ris na prìomh phuingeann gnìomh agus/no raointean leasachaidh san aithisg agus gnìomhan dearbhadh càileachd agus leasachadh.

Thèid tadhal an dèidh seo, a' gabhail a-steach SDS agus com-pàirtichean, 18 mìosan an dèidh a' chiad lèirmheas gus dearbhadh an deach adhartas riarachail a choileanadh a thaobh nam prìomh phuingeann gnìomh.

**Karen Corbett**

Neach-sgrùdaidh na Banrigh



## 6. Tuilleadh fiosrachaidh

Tha an lèirmheas agus na breithneachaidhean co-cheangailte ri roinn na seirbheis air fad. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Foghlam Alba, modhan-eòlais lèirmheas on taobh a-muigh, no fiosrachadh eile mu lèirmheasan, faic <https://education.gov.scot/>.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Leasachadh Sgilean Alba, faic <http://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/>.

# Pàipear-taic 1: Briathrachas

ASN	feumalachdan taic a bharrachd
CDP	plana leasachadh dreuchd
CES	Inbhe Foghlam Dreuchd
CIAG	Fiosrachadh, Comhairle agus Stiùireadh Dreuchd
CMS	sgilean rianachd dreuchd
DWP	Roinn na h-Obrach agus nam Peinnsean
DYW	A' Leasachadh an Sgioba-obrach Òg
LAAC	clann air an coimhead às an dèidh is air an gabhail a-steach
LMI	fiosrachadh margaidh obrach
MyWoW	Mo Shaoghal Obrach
SDS	Leasachadh Sgilean na h-Alba
SIP	planaichean leasachaidh sgoile
SPA	Aonta Com-pàirteachadh Sgoile
YISS	Seirbheis Dlùth Thaic Òigridh

## Pàipear-taic 2: pròiseas lèirmheas on taobh a-muigh

Bidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' gabhail os làimh lèirmheas neo-eisimeileach de chàileachd solair CIAG air a lìbhrigeadh le SDS às leth Riaghaltas na h-Alba fo aonta còrdadh a thaobh ìre na seirbheise eadar Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba. Tha na sgiobaidhean lèirmheas on taobh a-muigh a' gabhail a-steach Luchd-sgrùdaidh na Banrigh agus measadairean co-aontaichte.

An uair a bhios lèirmheas on taobh a-muigh a' dol air adhart, bidh buill de na sgiobaidhean lèirmheas a' cumail sùil air gnìomhan buidhne, na seiseanan coidsidh aon-ri-aon agus a' conaltradh ri luchd-dèilig, luchd-obrach agus luchd-ùidh. Bidh iad a' coinneachadh ri feadhainn a bhios a' cleachdadh an t-seirbheis agus a' faighinn fios air ais bho bhuidhnean, com-pàirtichean agus daoine a tha ag obair airson SDS.

Is e adhbhar na h-aithisg seo fiosrachadh a thoirt mu na prìomh bhuilean a tha ag èirigh às an lèirmheas on taobh a-muigh, aithneachadh a dhèanamh air neartan na seirbheis agus clàr-obrach soilleir a thabhann airson gnìomhan san àm ri teachd gus càileachd a leasachadh agus àrdachadh.

Tha an lèirmheas seo on taobh a-muigh a' taisbeanadh breithneachaidhean ann an **ìrean** a tha a' cur an cèill an luachadh san fharsaingeachd a rinn an sgioba lèirmheas on taobh a-muigh mu **bhuil agus buaidh, lìbhrigeadh sheirbheis agus cultar ceannardais agus càileachd** agus breithneachadh mu chomas leasachaidh stèidhichte air an fhianais bho na prìomh raointean air fad, gu h-àraidh **builean, buaidh** agus **ceannardas**.

Tha an aithisg cuideachd a' cleachdadh nan teirmean a leanas gus àireamhan agus co-rèirean a mhìneachadh:	
uile	100%
an ìre mhath uile	thar 91%-99%
tòrr	75-90%
a' mhòr chuid	50-74%
beag chuid/nas lugha na leth	15-49%
beagan	suas gu 15%

## Pàipear-taic 3: co-theacsa poileasaidh

Tha fiosrachadh, comhairle agus stiùireadh seirbheisean dreuchd uil-aois SDS ag amas air a bhith a' toirt taic do dhaoine òga agus inbhich a bhith a' dol air adhart gu deimhinneach gu foghlam leantainneach, trèanadh no dhan t-saoghal obrach. Bidh SDS a' coileanadh seo le bhith a' toirt taic do luchd-dèilig ann a bhith a' leasachadh CMS a bhios a' stèidheachadh nam bunaitean airson soirbheas nan dreuchdan san àm ri teachd.

Tha na seirbheisean a tha air an tabhann le SDS ann an sgoiltean air an stiùireadh le amasan a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Mar sin tha eadar-eisimeileachdan eadar dreuchdan agus uallaichean sgoiltean agus chom-pàirtichean nas fharsainghe, deilbh agus libhrigeadh curraicealam sgoile agus na seirbheisean a tha air an tabhann le SDS. Tha planadh airson libhrigeadh seirbheis soirbheachail tro SPAan a' cur feum air co-obrachadh èifeachdach eadar SDS agus a chom-pàirtichean.

Sa Mhàrt 2011, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba [frèam-obrach](#) airson ath-dhealbhadh agus leasachadh sheirbheisean CIAG. Mar an solaraiche as motha de sheirbheisean CIAG ann an Alba, tha prìomh dhreuchd aig SDS ann a bhith a' cur an atharrachaidh seo an sàs. Tha an t-atharrachadh seo air a bhith air a chur an sàs tro sheirbheis amalaichte a' gabhail a-steach choinneamhan aghaidh ri aghaidh, conaltradh tron ionad fiosrachaidh agus tro àrainn air-loidhne CMS, My World of Work (MyWoW).

San Dùbhlachd 2014, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba [A' Leasachadh an Sgioba Obrach Òg – Ro-innleachd Fastadh Òigridh Alba](#). Tha molaidhean an ro-innleachd seo a' cur an cèill tuilleadh atharrachaidh air seirbheisean CIAG, gu sònraichte a thaobh obair deilbh co-obrachail agus cur an cèill Inbhe Foghlam Dreuchdail (3-18) còmhla ri SDS, Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba. Mar thoradh air na h-atharrachaidhean sin tha obair eadar-mheadhanachd a' tachairt nas tràithe le sgoilearan òga tro seirbheisean CIAG SDS agus a' cuimseachadh air taic aig prìomh amannan gluasad air adhart airson daoine òga. Tha CES a' togail air comhairle agus stiùireadh san Churraicealam airson Sàr-mathais agus gu sònraichte, [A' togail a' Churraicealam 4: sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair](#).

Tha an t-seirbheis libhrigidh air a stèidheachadh air dealas SDS a bhith ag obair le com-pàirtichean ann an sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus Foghlam Alba gus comas a thogail ann a bhith a' libhrigeadh amasan a' Churraicealam airson Sàr-mhathas - **A' togail a' Churraicealam 4**, gu sònraichte a' leasachadh CMS. Tha am modh-obrach com-pàirteachais seo a' toirt taic do sgoiltean a bhith a' libhrigeadh an earrainn seo den Churraicealam airson Sàr-mhathas, a' cruthachadh co-theacsa ionnsachaidh do dhaoine òga a tha a rèir agus a' togail air dleastanasan libhrigidh seirbheis SDS. Mar thoradh air sin, tha mòran de dh'obair SDS a' cur feum air co-chonaltradh èifeachdach le raon de chom-pàirtichean aig ìrean nàiseanta agus ionadail.

Aig an àm a tha an làthair, tha an t-seirbheis seo air a libhrigeadh air an làrach anns na 359 àrd-sgoil ùghdarras ionadail ann an Alba agus ann an aon àrd-sgoil a tha a' faighinn tabhartas airgid. Tha na seirbheisean a' gabhail a-steach measgachadh de thaic còidsidh dhreuchdan aon-ri-aon, seisein buidhne air an goireasachadh, seisein tadhail, agus cothrom le taic gu MyWoW. Tha an ìre dèine taic air a dhearbhadh le measadh air feumalachdan sgoilear an dèidh conaltradh ri sgoiltean. Tha a' cho-roinn as motha de thaic còidsidh dhreuchd air a thabhann do na daoine òga sin a chaidh an comharrachadh mar a bhith a' cur feum air ìre nas àirde de thaic gus adhartas a bhrosnachadh a chùim a bhith a' faighinn agus a' cumail suas àite

ann am foghlam trèanadh no obair. Tha seo a' ciallachadh gum biodh an fheadhainn sin a' faighinn tairgse seirbheis 'meadhanach' no 'mòr'.

Tha prìomh dhreuchd aig SDS ri chluich ann a bhith a' libhrigeadh iomairt [Cothroman do na h-Uile](#), fom bi gach neach 16-19 a' faighinn tairgse air àite ann an ionnsachadh no trèanadh. Tha obair SDS san raon seo air a bhith air a dhaingneachadh tro reachdas a chaidh troimhe a tha a' leigeil le SDS agus prìomh chom-pàirtichean, a' gabhail a-steach Ùghdarrasan Ionadail, sgoiltean agus Institiudan Foghlam Adhartach dàta a cho-roinn mu na daoine òga air fad leis am bi iad ag obair. Tha [Achd Foghlam nas Sìne na 16 \(Alba\) 2013](#) agus an òrdugh stiùiridh a' leigeil le SDS agus prìomh chom-pàirtichean dàta a cho-roinn airson taic a thoirt do dhaoine òga an uair a bhios iad a' gluasad air adhart an dèidh na sgoile fhàgail.

# Pàipear-taic 4: cùl-fhiosrachadh

## Briathrachas air a chleachdadh san aithisg seo

Tha an teirm ‘raon seirbheis’ air a chleachdadh gus an raon cruinn-eòlais air a bheilear a’ togail san aithisg seo a mhìneachadh. Tha SDS a’ cleachdadh taghadh de mhodhan-obrach gus seirbheisean CIAG a libhrigeadh. Bithear tric ag ainmeachadh seo mar sheirbheis co-mheasgaichte. Tha SDS ag adhartachadh Tairgse Choitcheann gus taic a thoirt do na sgoilearan air fad san àrd-sgoil. A thuilleadh air seo, tha Tairgse Choitcheann Targaidichte ag amas air daoine òga aig a bheil an fheum as motha agus a tha a’ cur feum air taic leasaichte gus am bi iad a’ gluasad air adhart gu bhith a’ dol gu no a’ mairsinn ann an ceann-uidhe dheimhinneach. Tha SDS a’ tabhann cothrom air raon de sheirbheisean do luchd-dèilig a tha air an sgoil fhàgail. Tha na tairgsean eadar-dhealaichte air an comharrachadh gu h-ìosal:

Ann an Tairgse Coitcheann Sgoile SDS tha:

- Cothrom air seirbheis eadar-lìon MyWoW
- Seiseanan obair-buidhne mu:
  - Taic gluasad aig P7/ÀS1
  - Taghadh chuspairean agus Sgilean Rianachd Dreuchd ann an ÀS1/ÀS2
  - Seiseanan buidheann nas sine
- Clionaigean tadhail airson rianachd dreuchd agus so-fhastachd
- Cothrom do sgoilear sam bith seisean aghaidh ri aghaidh iarraidh

Anns an Tairgse Targaidichte Sgoile SDS tha:

- Taic targaidichte aon-ri-aon ann an ÀS3 dhaibhsan aig a bheil an fheum as motha (agus cothrom air roghainn de bhuidheann gnìomh far a bheil sin iomchaidh)
- Prògram structaraichte de stiùireadh dreuchd aon-ri-aon tron ìre as sine
- Aig an ìre as Sine gluasad air adhart a’ faighinn taic bho ball ainmichte den sgioba an dèidh na sgoile fhàgail dhaibhsan a tha a’ cur feum air taic leantainneach a chùim com-pàirteachadh deimhinneach

Anns an Tairgse Targaidichte An dèidh na Sgoile fhàgail SDS tha:

- Cothrom saor gu ionadan poblach (47 suidheachadh air feadh Alba)
- Cothrom air seirbheis eadar-lìn MyWoW 24 uair sa là, seachd là san t-seachdain
- Prògram structaraichte de stiùireadh dreuchd aon-ri-aon
- Taic so-fhastachd agus gnìomh buidhne
- Modh-obrach com-pàirteachais a’ gabhail a-steach ullachaidhean tar-chur structaraichte le DPW/JCP
- Cothrom fòn gu ionad fiosrachaidh SDS

Anns an Tairgse Seirbheis Uile Aois (coitcheann) tha:

- Cothrom air seirbheis eadar-lìn MyWoW 24 uair sa là, seachd là san t-seachdain
- Cothrom air stiùireadh dreuchd aon-ri-aon
- Cothrom fòn gu ionad fiosrachaidh SDS
- PACE
- Gnìomhan co-obrachaidh IES le JCP
- Cothrom saor gu ionadan poblach (47 suidheachadh air feadh Alba)

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu sheirbheisean Leasachadh Sgilean Alba do dhaoine fa leth agus do luchd-fastaidh aig [www.skillsdevelopmentscotland.co.uk](http://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk). Faodar seirbheis eadar-lìn MyWoW fhaighinn aig [www.myworldofwork.co.uk](http://www.myworldofwork.co.uk).

## Dreuchdan an luchd-obrach

Tha SDS a' cleachdadh grunnan thiotalan gus mìneachadh dreuchdan an luchd-obrach. Tha iad sin a' gabhail a-steach Comhairliche Dhreuchdan, Coidse Obrach, Comhairliche Dhreuchdan Trèinidh agus Comhairliche Pearsanta. Tron aithisg seo, tha an teirm luchd-obrach dhreuchdan air a chleachdadh airson gach neach-obrach a tha an sàs ann a bhith a' libhrigeadh seirbheisean CIAG.

## **Foghlam Alba**

Taigh Denholm  
Pàirc Gnìomhachais Almondvale  
Slighe Almondvale  
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

**T** +44 (0)131 244 4330  
**E** enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk

<https://education.gov.scot/>

© Dlighe a' Chrùin, 2020

Faodaidh tu am fiosrachadh ath-chleachdadh (ach chan fhaod na h-ìomhaighean no logothan) saor agus an-asgaidh ann am format no meadhan sam bith, fo theirmean Cead Riaghaltas Fosgailte ma tha e air ath-riochdachadh gu neo-mhearachdach agus nach eil e ann an co-theacsa mì-stiùireach. Feumaidh an stuth a bhith air aithneachadh mar a bhith le còir-lethbhreac Foghlam Alba agus feumaidh tìotal an sgrìobhainn a bhith air ainmeachadh.

Gus an cead seo fhaicinn, tadhal air <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/> no cuir post-dealain gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Far a bheil sinn air fiosrachadh air còir treas phàrtaidh a chomharrachadh feumaidh tu cead fhaighinn bhon fheadhainn aig a bheil na còraichean sin.